

# Am mathan nach dèanadh drannndan



Shoo Rayner

# Am mathan nach dèanadh dranndan



An teacsá Shoo Rayner  
Na dealbhan Shoo Rayner  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill



Tha fios againn uile gum bi mathain  
a' dranndan.


Uill, seo stòraidh mu mhathan nach  
dèanadh dranndan.

'S e Ailig an t-ainm a bha air.

'S e mathan toilichte a bh' ann an Ailig agus cha bhiodh e a' dranndan uair sam bith. Cha bhiodh, eadhon ged a bhiodh aige ri rudan nach còrdadh ris a dhèanamh. Nuair a dh'iarradh màthair Ailig air an uaimh a sgioblachadh, chanadh e, "Ceart gu leòr, a Mhamaidh," agus dhèanadh e gàire beag.



Nuair a dh'iarradh athair air Ailig  
a bhith sàmhach agus suidhe aig a' bhòrd,  
dhèanadh Ailig gàire ris agus chanadh e,  
“Ceart gu leòr, a Dhadaidh.”





Agus nuair a bhiodh Brùno, bràthair Ailig,  
ag iarraidh cluich le na dèideagan uile,  
dhèanadh e gàire ris agus chanadh e,  
“Ceart gu leòr, a Bhrùno.”



Aon latha thuirt màthair Ailig ri athair Ailig,  
“Tha Ailig toilichte fad na h-ùine agus cha  
dèan e dranndan. Chan fhàs e gu bhith na  
mhathan greannach a-chaoidh.”

Mar sin thug iad e gu sgoil mhathan  
greannach.

“Ionnsaichidh iad dha mar a nì e  
dranndan,” thuirt iad.

Anns an sgoil bha aig Ailig ri dhol gu clasainchean dranndain. Dh'fheuch agus dh'fheuch an tidsear ri toirt air dranndan, ach cha do rinn sin feum. Bha gàire air aodann Ailig fad na h-ùine.



Thug an tidsear cunntas-obrach dha  
mhàthair agus dha athair. Seo an cunntas.



Sgoil mhathan greannach

## Cunntas

Tha mi duilich nach  
bi Ailig na mhathan  
greannach gu bràth  
oir cha dèan e  
dranndan.

Ach dhèanadh e  
teadaidh math.




Bha athair agus màthair Ailig brònach.  
Thuirt iad ri Ailih, “Dh’fheuch sinn rid  
ionnsachadh gu bhith nad mhathan  
greannach, ach cha do dh’obraich sin.  
Cha dèanadh tu dranndan.  
Feumaidh tu falbh agus fuireach leat  
fhèin sa choille. Chì sinn an toir sin ort  
dranndan.”



Mar sin dh'fhalbh Ailig a dh'fhuireach  
leis fhèin dhan choille.



Ràinig e uaimh bheag agus rinn e a  
dhachaigh innte. Bha sin a' cordadh  
ri Ailig.



Nuair a bha an t-acras air Ailig  
bha e a' falbh air chuairt dhan choille.  
Bha mòran rudan rin ithe sa choille  
agus bha Ailig daonnan toilichte.  
Cha robh e a' dranndan ri rud sam bith.



Bha uaimh Ailig ri taobh aibhne.

Nuair a bha èisg a' snàmh seachad  
bhiodh Ailig gan glacadh agus gan ithe.




Ach 's e bhith ag ithe na meala an rud a  
b' fheàrr le Ailig na rud sam bith, agus bha  
sgeap-sheillean mòr ri taobh na h-uaimhe.  
Mar sin bha Ailig uabhasach toilichte agus  
cha robh e a' dranndan ri rud sam bith.

Aon latha thàinig teaghlaich Ailig  
a shealltainn air a dhachaigh ùir.

“Tha an uaimh seo uabhasach fuar,”  
thuirt a mhàthair gu greannach.

Dh’fhalbh an gàire a bha air aodann Ailig  
agus thuirt e, “Is toil leamsa i co-dhiù.”





“Tha an uaimh seo uabhasach beag,”  
thuirt athair Ailig gu greannach.

Bha Ailig crosta.

“Uill, is toil leamsa i co-dhiù,” thuirt e.

“Cha toil leamsa an uaimh seo,”  
thuirt Brùno le dranndan greannach.  
“Chan fhiach i idir, idir.”  
Nis bha Ailig uabhasach crosta.





“Seo mo dhachaigh-sa agus is toil leam i,”  
thuirt Ailig, le dranndan cho mòr  
's a chuala Mamaidh, Dadaidh agus  
Brùno riamh.

“Ailig!” thuirt iad uile.

“Is urrainn dhut dranndan!

’S e mathan greannach a tha annad!”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Holley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS  
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO  
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Shoo Rayner 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997  
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004  
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann**  
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann.

Tha Shoo Rayner a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 687 2